


## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# A' TAISBEANADH CEARCAILL NA GÀIDHLIG AIG FÈIS LEABHRAICHEAN AYE WRITE!

03 Am Màrt 2009

Tha na turasan sònraichte a thug buidheann de sgrìobhadair aithnichte le Cearcaill na Gàidhlig gu bhith aig cridhe tachartas ùr Gàidhlig aig Fèis Aye Write na bliadhna-sa ann an Glaschu.

A' sgrìobhadh mu na turasan aca fhad 's a bha iad a' siubhail tro eileanan Innse Gall agus mòr-thìr taobh siar na Gàidhealtachd, tha na sgrìobhadair ari leabhran beag iongantach a thoirt dhuinn, a thèid nur pòcaid, le tiotal air leth iomchaidh, 'Cearcaill na Gàidhlig'.

A thuilleadh air òraidean bho na ceathrar sgrìobhadair aonach a chur an cèill tro shreath de dhealbhan eireachdail aig a' chiad tachartas Gàidhlig seo airson na Fèise, 's iad na sgrìobhadair:

- § Màiri NicArtair, neach-comhairleachaidh dualchais, sgrìobhadair agus sgeulaiche
- § Brian MacUilleim, a' chiad deasaiche aig, agus b' esan a stèidhich, Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich agus achleachd a bhith na mhiniestar riaghaltais
- § Dòmhnull Meek, fear-togail bhàtaichean, maraiche, sgrìobhadair agus sgoilear
- § Aonghas Pàdraig Caimbeul, bàrd, sgrìobhadair nobhailean, neach-naidheachd, craoladair agus cleasaiche film

A' dèanamh sanasachd air saibhreas na Gàidhlig agus a dualchais, 's ann stèidhichte air slighean Hopscotch® nan Eilean aig Caledonian Mac a' Bhruthainn a tha na sia Cearcaill Ghàidhlig. Bheir na slighean sibh tro na h-eileanan bho lìe gu Leòdhas, agus air tìr-mòr bho Ceann an Creige gu Ulapul.

'S e An Lòchran, am buidheann a tha a' cur air adhart cultar agus ealain na Gàidhlig ann an Glaschu, a bhios a' cur air dòigh an tachartais Ghàidhlig seo, agus 's i an craoladair is riochdaire ainmeil Patsi NicCoinnich a bhios sa chathair.

Thuirt Màiri Bell, Cathraiche an Lòchran: "S ann toilichte dha-rìribh a tha mi gun urrainn don Lòchran Cearcaill na Gàidhlig a thoirt do dh'Fhèis Leabhraichean Aye Write. Tha e gu math iomchaidh gun cluinn sinn mu na turasan seo ann an Innse Gall agus air mòr-thìr taobh siar na Gàidhealtachd sa bhliadhna a tha daoine a' Tilleadh a dh'Alba."

Thuirt Joe Mac a' Phì, bho Chomhairle nan Eilean Siar agus Ceannard a' Phròiseict airson Cearcaill na Gàidhlig: "Tha luchd-compàirt a' phròiseict gu mòr an comain an Lòchran airson mar a chuir iad an tachartas ionmholta seo air dòigh. Tha sinn gu math dòchasach mu na

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



thig à Cearcaill na Gàidhlig san àm ri teachd, aig àm a tha làn chothroman don Ghàidhlig agus a dualchas, agus do thurasachd ann an Alba.”

Thèid an ceathramh Fèis Aye Write! aig Banca na h-Alba a chumail ann an Leabharlann Mitchell bho 6 – 14 Màrt 2009.

Thèid na tachartasan airson Cearcaill na Gàidhlig a chumail thairis air dà oidhche:

§ Diluain 9 Màrt aig 7.30f, nuair a bhios na sgrìobhadair Mairi NicArtair agus Brian MacUilleim an làthair

§ Dimàirt 10 Màrt aig 7.30f, nuair a bhios na sgrìobhadair Dòmhnull Meek agus Aonghas Pàdraig Caimbeul an làthair

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



### CEARCAILL NA GÀIDHLIG : THE GAELIC RINGS SHOWCASE AT THE AYE WRITE! BOOK FESTIVAL

03 March 2009

An unparalleled journey by a group of acclaimed Scots Gaelic writers for Cearcaill na Gàidhlig : The Gaelic Rings, will be the centrepiece of a new Gaelic event at this year's Aye Write Book Festival, in Glasgow.

Penning their experiences as they travelled on journeys throughout the Hebridean islands and West Highland mainland, the writers have produced an enchanting pocket size book fittingly titled 'The Gaelic Rings'.

The inaugural Gaelic event will also provide a truly stunning photographic journey of the writers' travels as well as hearing from four of the writers in person:

- § Mairi Macarthur, heritage consultant, writer and storyteller
- § Brian Wilson, founding editor of the West Highland Free Press and former government minister
- § Donald Meek, boat-builder, seaman, writer and academic
- § Angus Peter Campbell, award-winning poet, novelist, journalist, broadcaster and film actor

Promoting the richness of the Gaelic language and culture, the six Gaelic Rings are based on Caledonian MacBrayne's Island Hopscotch® routes, taking in the islands from Islay to Lewis and the mainland area from Kennacraig to Ullapool.

An Lòchran, the organisation responsible for promoting and developing Gaelic Arts and Culture in Glasgow, will be hosting the Gaelic event, which will be presented by Patsi Mackenzie, renowned Gaelic broadcaster and producer.

Mairi Bell, Chair of An Lòchran said: "I am delighted that An Lòchran is able to bring Cearcaill na Gàidhlig : The Gaelic Rings to be part of the Aye Write! Book Festival. It is very appropriate to hear these journeys of the Hebridean Islands and West Highland mainland, presented in the year of Homecoming."

Joe MacPhee, of Comhairle nan Eilean Siar and Project Leader of Cearcaill na Gàidhlig : The Gaelic Rings said: "The project partners are very grateful to An Lòchran for this excellent initiative. We are very excited about the future of Cearcaill na Gàidhlig at a time of opportunity for Gaelic language and culture as well as Scottish tourism."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



The fourth Aye Write! Bank of Scotland Book Festival is taking place at the Mitchell Library from 6 – 14 March 2009.

Cearcaill na Gàidhlig : The Gaelic Rings event will take place over two nights:

- § Monday 9 March at 7.30pm, with writers Mairi Macarthur and Brian Wilson in attendance
- § Tuesday 10 March at 7.30pm, with writers Donald Meek and Angus Peter Campbell in attendance